

er
s
p
l.
h

COMHAIRLE DO PHEACUICH

FO

DHEARBHAIBH.

A pheacacha bochda truagh! Tha mi a' cur nan firinnean so o'n Dia shiorruidh d'ur n-ionnsuidh ann an gradh agus ann an dilseachd, aig iarruidh gu durachdach gu'm biodh bhur mi-chreidimh air a dhearbhadh oirbh, agus bhur n-uile pheacanna, agus bhur staid mhalluichte thruagh san am a ta lathair, agus a chum gu'm biodh sibh air bhur teagaag le Dia bhur taice leigeil air Crìosd a fhuair bas air son nan àindiadhach. Ma dh'fhanas sibh neo-iompuchte is sibh is truaighe bhios gu h-aithghearr do na bheil anns a chrui-theachd gu leir; bithidh sibh na bhur comharan cuimhne air ceartas Dhe, ged fheud sibh a nis a bhi a' mealltuinn an t-saoghail 'na ghloir. Do bhrìgh gu'n robh lionmhoireachd dhibh air bhur dusgadh tha earbsa agam gu'm bheil smuaintean graidh shiorruidh aige do thaobh cuid do bhur n'anamibh. Uime sin mar thug mi rabhadh dhuibh teich-eadh air son didein o fheirg Dhe tha teachd oirbh, agus gun dail, teachd a mach as an staid uamhasach so dh'ionnsuidh Chrìosd a ghabhas ribh; mar so tha mi scriobhadh do bhur n ionnsuidhse, agus a dh'ionnsuidh nan uile a dh'fheudas na fireannan so a chluinntinn air eagal gu'n d'thigeadh iad a dheigh laimh air iompacheadh.

1. Iarr fios fhaotainn air, agus biodh e air a dhearbhadh ort leis a' spiorad, trid an scriobtuir, gu'n d'rugadh tu marbh ann am peacaibh, agus gu'm bheil sibh na'r clann feirge gun Chrìosd, agus gun earbsa, agus gu'm bheil sibh na'r luidh gach mionad fo mhallachd agus feirg Dhe, ann an cunnart ditidh shiorruidh. Pillear na h-aingidh sìos do ifrinn. An t-anam a pheacaicheas gheibh e bas. Cha'n fhaic mi-chreidmich beatha, ach tha fearg Dhe gabhail comhuidh orra, ged nach'eil iad 'ga thoirt fainear. Tha'n Tigh-earn a' radh, Mar bi duine air ath-bhreith nach fheudair

leis rioghachd Dhe fhaicinn; agus esan nach'eil a' creid-sinn tha e air a dhiteadh a cheana. Thugaidh fainear gu durachdach, gach aon agaibh, tha mi 'gathchuingich oirbh, ciod a thig dhiomhsa, nach'eil air n'ath bhreith, agus nach d'fhairich riamh oibre grais oirbh fein? O nach robh ar suileán air am fosgladh chum uile pheacannan ar cridheach-an agus ar beatha fhaicinn an ordugh fa'r combhair, agus theagamh tha 'g eigheach gun sguir air son dioghaltais an aghaidh ar n'anma ciontach. Bu leoir e gu thoirt air a mhuinntir is neo-churamache, criothnachadh. Racliaibh gu ionad uaigneach gun dail, agus smuaineachaibh air ar slighibh mar ann an lathair Dhe. Cuiribh na ceistean so ribh fein. Nach d'rinn mise air uairibh, breug, no goid, no mionnan? Nach do mhi-naomhaich mi an t-sabaid? Nach robh mi riamh ardanach, neo-gheamnuidh, mi runach? Nach d'thug mi ainm an Tighearn riamh an diomhanas? Nach robh mi easumhail do'm pharantaibh? Nach'eil cridhe feolmhor, neo-ghlan, cruaidh, agus mhi-chreidmheach agum? Nach do bhris mi lagh Dhe riamh? Nach'eil mi marbh ann am peacaibh gus an la'n diugh? Is eigin domh eigheach a mach ciontach, ciontach; tha mo choguis 'gam dhiteadh; ciod dh'eireas dhomh ma gheibh mi bas anns an staid so? Oir thuirt an Dia firinneach. "Is malluichte gach neach nach fan anns na h-uile nithibh a ta scriobhta ann an leahhair an lagha chum an deanamh. Esan nach do chaomhainn na h-aingil an uair a pheacaich iad, ach thilg sios iad gu ifrinn; esan nach do chaomhainn an sean saoghal, na bailte Shodoim agus Ghomorra, ach dhite iad le'n sgrios, gan deanamh nan eisiomplair dhoibhsan a bhiodh beo an deigh sin gu h-aindiadhdaidh, cha chaomhainn e mise fada. Nach'eil ifrinn a' fosgladh a beoil air mo shon? Am bheil earbsa air bith ann gu'm feud mo leithidse pheacach a bhi air a ghlanadh le fuil Chrìosd? Feudaich Dia, ann an cear-tas, mise dhamnadh air son nam peacanna-sa, air son a pheacaidh is lugha. Is ann do throcair an Tighearna nach'eil mi air mo chaitheadh as, agus nach'eil mi nis an ifrinn a'g iolartaich am measg na muinntir a ta air an damnadh, aig eigheachd a mach air son boinne uisge chum mo theangaidh fhuarachadh.

2. Guidh air Tighearna an uaigneas gu'n d'thugadh e spiorad dhuit am feadh a ta e ri fhaotainn. Eighibh, gach aon agaibh, air son fola Chrìosd mar dh'eigheas duine fo

bhinn a bhais air son trocair, mar thuirtear fear gleididh a phrìsion agus e air chrith, ciod a ni mi chum gu'n tearnar mi? Gnìomh. xvi. 30. Na gabh fois aon la, na aon uair ni sfaide gu samhach na le suamhnas, gus am bi chuid earbsa agad gu'm bheil creidimh air oibreachadh annad leis an spiorad, agus gu'n tagair Iosa Crìosd do chuis air la bhreitheanais; oir a dh'èrsbhuidh fhìreantachd sa bhi air a cur as do leth, cha'n'eil mathanas ann. Lean Crìosd mar rinn na daoine dall, aig eigheachd "Thighearn gu'm fosgladh tu ar suilean." Guidh mar rinn an lobhair. Thighearn ma's aill leat 's urradh thu mise dheanamh glan. Tagair gu dian air son an spioraid a ta air a' ghealltuinn gu'm bi e air dhortadh mach 'sna laithibh deireannach sa air na h-uile feoil. Gnìomh. ii. 17.

3. Ma bheir an Tighearna le fhocal agus le spiorad beachd dhuit air do staid eagalach chaillte, thoir an aire nach gabh thu fois gun obair iomlan grais, air eagal gu'n d'thig thu dheigh-laimh air aonadh ri Crìosd trid teagaisg agus tarruing an Athar; air eagal gu'n gabh thu fois ann an sith fheallsa, ga d' chuairteachadh fein le sradaibh do d' bheothachadh fein, trid loit na leigheis eutrom. Thoir an aire nach tog thu air a ghainnibh, air eagal nach bi thu ach mar oigh ameadach aig imeachd maille rìusan tha glic. Air eagal gu'n dean thu Crìosd do d' dhleasnasuibh—do t-urnuigh guil, runa, ath-leasachadh; oir tha iobairt an aingidh na grainealachd do'n Tighearna. "Tha slighe ann a chithear dìreach leis an duine; ach is iad a' chrìoch slighean a bhais." "Tha ginealachd ann a tha glan nam beachd fein, gidheadh nach'eil air an nigheadh o'n salchar." Feudaidh neach a dhol gle fhada fo dhusgadh coguis, agus eud a bhi air a thaobh Dhe, agus gidheadh, air dha bhi aineolach air fireantachd Dhe, feudaidh e bhi dol mu'n cuairt, re a' laithean uile, a chur air chois fhìreantachd fein, agus nach bi ni aig ma dheireadh ach earbsa a' chealgair a theid a mugh. Thusa tha gnìomh a mach asad fein comhdach do d' lomhnochd, bithidh t'earbsa cosmhuil ri lion an damhan alluidh ann an la' t'amghair: so gheibh thu fadheoidh o laimh Dhe, luidhidh tu sìos ann an doirinn; oir is e Crìosd crìoch an lagha air son fireantachd do na h-uile chreideas. Le oibrìbh an lagha cha bhi feoil air am fireantachd na lathair. Tha e fìor, tha creidimh a' teachd troimh eisdeachd, agus is e ar dleasanais feitheamh air Dia far am bheil an Spiorad aig

oibreachadh; ach ma tha fireantachd a' teachd le obair air bith do'n lagha, an sin fhuair Crìosd bas gu diomhain. Dhasan nach'eil'g oibreachadh chum fireantachd, ach a ta creidsinn anns an a ta fireanachadh nan ain-diadhach, measar a chreidimh mar fhireantachd; is beannuichte an duine d'am meas Dia fireantachd a dh'easbhuidh oibre. Rom. iv. 5, 6.

4. Seall ris an Tighearna chum gu'n dearbhadh e peacadh ort, bhrìgh nach'eil thu creidsinn ann an Iosa Crìosd. Tha e gealltainn so dheanamh. Eoin xvi. 7—9. Ann ad fheithimh air meadhonaibh na gras, bi toileach gu'n dearbhadh an Comhfhurtar ort, gu'm bheil do chridhe ro aingidh, nach aill teachd a dh'ionnsuidh Crìosd, agus gu'm faireadh tu do neo-chomas air a bhi creidsinn ann mur cuir an Tighearna mach ro mheud morachd a chumhachd. Ephes. i 9.

5. Biodh fios cinnteach agad, agus thoir deagh-bheatha do'n sgeul aoibhneach so, gu'n d'thainig Crìosd a dh'ionnsuidh an t-saoghail a thearnadh pheacach, agus ceann-cinnidh nam peacach. 1 Tim. i. 15. Is ann mar so ghradhaich Dia an saoghal gun d'thug e aon ghin-mic a chum ge b'e a chreideadh ann nach rachadh e dhith ach gu'm biodh a' bheatha maireannach aig. Dh'fhulaing Crìosd aon uair air son peacaidh, am firean air son an neo-fhirean, a chum gu'n d'thugadh e sinn dh'ionnsuidh Dhe. Teich a dh'ionnsuidh an didein so an uair tha thu'g ad fhaicinn fein ain diadhuidh agus malluicht le lagh Dhe, agus tha eagal ort gu'm bi thu air do dhiteadh. Smuainich ort fein ged tha mise aindiadhuidh, gidheadh fhuair Crìosd bas arson nan andiadhaidh. Rom. v. 6. Ged tha mise am namhaid gidheadh rinn Crìosd naimhdean reidh ri Dia le a bhas. Ged tha mi ceannairceach, agus co graineil 'sgu'm bheil eagal orm gu'm feud Dia le ceartas ann a chorruidh mo chur fuidh ann an ifrinn, gidheadh ann an so tha deagh sgeul agus misneach air mo shon, gu'n dh'fhuair Crìosd an uair a chaidh a suas an airde gibhtean air son dhaoine seadh air son nan daoine ceannairceach mar an ceudna, chum gu'n gabhadh an Tighearna Dia comhnuidh an measg na muinntir cheannairceach. Ged tha mi malluichte, agus ged tha mi faicinn gu soilleir gu'm bheil Dia bagairt mo dhamnadh ann an iomadh aite do'n scriobtuir, gidheadh fathast tha earbsa ann do thaobh mo leithidse pheacaich, do bhrìgh gu'n shaor Crìosd peacuich mhalluichte o mhallachd an lagha, air dha bhi air a dheanamh na mhallachd air an son, a chum gu'm

faigheadh iad beannachd Abraham, agus gealladh an Spioraid. Gal. iii. 13, 14.

6. Creid ann Josa Criosd, bhrìgh gur e aithne Dhe e, agus gu'm bheil e taitneach ann a lathair; agus is e do dhleasnas ged nach 'eil thu faicinn barantas na bonn meisnich eile. Cha'n e mhain gur e do shochair, ach 's e do dhleasanas creidsinn. 'Se so aithne gu'n creidimead ann an ainme a mhic Josa Criosd. 1 Eoin. 3. 23. Creid anns an Tighearna Josa Criosd agus bithidh tu air do thearnadh. Gabh am focal mar so dha t'ionnsuidh fein: tha 'n Dia ceart do 'n aithne m'uile pheacannan an-tromaichte, ann an aite mo dhiteadh air an son aig aithne dhomh creidsinn ann a' mhac, agus tha e toirt cinntas dhomh gu'n tearnar mi. Gu'n deonuich an Tighearna dhuit spiorad a ghliocais agus an fhoillseachaidh ann an eolas Chrìosd agus umhlachd a' chreidimh. Tha guth an Tighearna Josa ro chumhachdach, agus tha a chaoraich aig eisdeachd ris; guidh gu durachdach gu'n d'thigeadh aithnean le cumhachd a dh'ionnsuidh t' anam.

7. Dean aoibhneas gu'm bheil an Tighearn Iosa co durachdach aig iarraidh do graidh; tha 'n Tighearn a cheusadh air son ceann ceinnidh nam peacach a' radh riut. "Feuch tha mi a' m' sheàsamh aig an dorus agus a' bualadh, ma dh'eisdeas neach air bith mo ghuth, agus gu 'm fosgail e dhomh, thig mi steach." Iaisb. 3. 20. Cha d'thainig mise ghairm Firinnich ach peacaich, deir an Tighearna. Thigibh a'm' ionnsuidh sibhse uile a ta ri saothair agus fo throm eallach, agus bheir mise fois dhuibh. Matt. ii. 28. "Ho gach neach air ann bheil tart thigibhse chum nan uisgeacha, agus esan aig nach 'eil airgiod, thigeadh e. Tha 'n Spiorad agus a bhean nuadh-phosda a' radh, thig, agus abradh esan a chluinneas thig, agus esan air am bheil tart thigeadh e, agus ge b'e le'n aill, gabhadh e do uisge na beatha gu sacr. Taisb. 22. 17. Eisd uime sin ri guth gradhach Chrìosd, ged mheasadh tu thu fein mar am peacach is graineile agus is mo, agus ged shaoladh tu gu'm bheil trocair ann do mhuintir eile ach nach 'eil maon throcair ann do d' leithidse a pheacach uamhasach; gidheadh is e so an sgeul aoibhneach, gu'm bheil mac an duine, Dia air a dheanamh aithnichte 'san fheoil, air teachd a dh'iarraidh agus a thearnadh sin a bha cailte. Luc. xix. 10. Ge b'e cia uamhasach do chor ann do bheachd fein, "an neach a thig a' m' ionnsuidhses cha chuir mi air falbh

air chor air bith.” Deir esan. Eoin vi. 37. Ged fhaireadh sibh, uime sin, cridheachan cruaidhe, agus marbh, gidheadh thigibh mar pheacuich a dh'ionnsuidh Chrìosd a thainig a thearnadh an leitidhe so. Tha 'n Tighearn a' gairm air peacuich aig am bheil cridheacha rag, a tha fada o fhireantachd, eisdeachd a thoirt dha. Isai. xlv. 12, 13.

8. An uair tha ur cridheachan a' tuiteam sìos fo fhaireachdain air feirg Dhe, an sin runaichibh ann an neart Chrìosd do thaice leigeal air, sibh fein a thilgeadh, agus a chur thairis air san ge bi cìod a dh' eireas: Ma theid mi dhith aig casaibh Chrìosd, oir air gach doigh eile tha mi cinnteach gu'n d'theid mi dhith; ma dhiteas e mi tha e ceart—ma shaoras e mi, bi saibhreas a' shaoir ghrais gu brath na aobhar iongantais. Earb mar so ann a' Chrìosd ged robh mìle ni a' toirt mi-mhisnich dhuit, mar chaidh na lobhair gu buthaibh nan Srìanach. 2 Rìgh. iv. 4—6. Dlùthaich a dh' ionnsuidh Chrìosd a' runachadh nach gabh thu diultadh, mar rinn bean Chanaain. Matt. xv. 22. Fhuair iad so fuasgladh sona o'n eigin, agus chi thusa, fa dheigh, gu'n leagh cridhe Chrìosd os ceann t'anam fann, a' luidheadh sìos aig a chasaibh air son pronnaig. agus glacaidh e thu le gradh do-labhairt. Mar so fulaingeadh rioghachd neimhe ain-neart: domhluich thusa d'a h-ionnsuidh, agus glac i leis an laimh laidir.

9. Na feuch ri creidsinn, na ri aithreachas a dbeanamh ann do neart fein, ach amhairc ri Iosa, “ anns na thoilich e an t'athair gu'n gabhadh na h-uile iomlanachd comhnuidh. Mar nach bu mbath leat bhi 'n ad chealgair, coimhid thu fein o chreidimh do d'dhealbh fein, ni nach e creideamh do oibreachadh spioraid Dhe. Col. ii. 12. Na bi aig iarraidh sin annad fein a tha ri fhaotainn ann an Chrìosd, na sin anns an lagh a ta ri fhaotainn 'san t-soisgeul: chum so iomadh anam fad ann an trioblaidibh. An uair tha eagal ort gu'm basaich thu gu sìorruidh do bhrìgh nach urrainn thu creidsinn, seall a mach asad fein a dh' ionnsuidh Chrìosd, a tha lan grais, agus faic a ghloir. Eoin. i. 14. Amhaircibh ormsa agus bithibh air ur tearnadh uile chriochan na talmhainn. Isai. xlv. 22.

Amhairc air Iosa fear-toiseachaidh agus crìochnaich a chreidimh, Eabh. xii. 2. Cha bhi duil idir aig Chrìosd ri creidimh no ri aithreachas, ach amhaircidh e air anam neoghlan truailte 'na fhuil fein, agus their e ris, Bi beo; agus 'se so am a ghraidh, Esec. xvi. 6, 8. Tha gras an Tighearn

anabarrach pailt do'n pheacach is mo, maille ri creidimh, agus ri gradh a ta ann an Iosa Crìosd, 1 Tim. i. 14. An uair a bheachdaicheas tu air do chaitha-beatha, 'sa bhios eagal ort gun dean cruas agus cion-aithreachais do chridhe leir-sgrìos a tharruing ort, teich gu luath chum an fhocail bheothachaidh so ann an Gníomh v. 30, 31. "Gun do thog Dia suas Iosa, agus gun d'ardaich se e le dheas-laimh gu bhì na Cheannard agus 'na Shlanuighcar, a thoirt aithreachais agus maitheanais peacaidh do Israel." Gheall an Tighearna gun sgrìosadh e, 'sna laithibh deireannach, sgaile na h-ana-creidimh a th'air a sgaoileadh thar gach cinneach, Isa. xxv. 7. Am bheil thu o d'fhein-fhiosrachadh a' mothachadh gu bheil am focal so fìor, "Nach urradh neach air bith teachd a m'ionnsuidhse, mur tarruing an t-Athair a chuir uaith mise e;" feuch an gealladh solasach a tha air a thoirt duit san ath-rann chum combhaidh a dheanamh riut, "Bithidh iad uile air an teagasg o Dhia. Uime sin, gach neach a chuala, agus a dh'fhoghlaim o'n Athair, thig e m'ionnsuidhse," Eoin vi. 44, 45. Salm xxv. 8. "Is maith agus is dìreach an Tighearn; uime sin teagaisgidh e peacaich san t-slighe." Tha Crìosd ag radh, "Is mise an t-slighe chum an Athar,"— Eoin xiv. 6. Dlu lean an Tighearn aig cathair nan gras le h-eighich agus osnaich do labhairt gun sgar. O tarruing mi dh'ionnsuidh Chrìosd; cuidich leam gu gabhail ris, agus m'earbs a chur ann. Ma mhothaicheas tu gu bheil e ro-dheacair dhuit creidsinn ann, cluinn an Tighearn ag radh riut, "Deanadh e greim air mo neart, chum gun dean e sith rium, agus nì e sith rium," Isa. xxvi. 5. "Bheir e neart do'n anfhann, agus dhoibhsan a ta gun lugh meudaichidh e treise." Isa. xl. 29. "Uime sin cuiribh ur dochas anns an Tighearna do ghnath; oir anns an Tighearn Iehobhah tha neart siorruidh. Isa. xxvi. 4. 'Se mo ghuidh durachdach gur e so am graidh sonraichte Dhè, agus la a chumhachd do d'thaobh, chum gum bi thu air do dhlu-cheangal ri Crìosd trid creidimh air a h-cìbreachadh annad tre chumhachd Spioraid Dhe; chum gum bi ciocras ort air a shon, agus gum faigh thu lan dearbh bheachd air gradh Dhe; agus gun robh gradh Chrìosd air a sgaoileadh ann ad chridhe, agus gum buanaich thu ann an Crìosd, air dhuit a bhì laidir anns a ghradh a tha annsan, a bhios lan-fhoghainteach dhuit anns gach deuchainn a thig ort; gum bi thu air do theagasg le Dia a sheinn a chliu, 's a dheanamh gairdeachas le ball-chrith; agus nach dealaich thu

am feasd ri d'cheud ghradh, agus nach tuit thu ann an neo-churam mealltach, ach gur h-ann a dh'fhasas tu suas ann an eolas Chrìosd; agus air dhuit a bhì suidhicht an tigh Dhe, gun d'hoir thu mach mor thoradh, ge d'aicheadh fein, 's a' togail a chroinn-cheusaidh, a' gluasad aithrigh air an Tigh-earn an cian is beo thu, chum cliu a shaor ghrais, a ghairm thu chum a rioghachd agus a ghloir. O deonaich nach bi an eàrail so ag eiridh suas ann am breitheanas 'nar n-aghaidh air chionn an la dheireannaich, arson an dearmad, chum bhur ditidh,—ach gur e bhios annta dhuibh guth agus gairm Dhe, a ghairdein agus a chumhachd air fhoillseachadh chum bhur saoradh. *Gun robh lathaireachd a Chofhurtear maille ribh gu sìorruidh.*

GLASGOW:

PRINTED, AND SOLD FOR THE

GLASGOW RELIGIOUS TRACT SOCIETY,

At their Depository, No. 10, WILSON-STREET.

Price 2s. 8d. per hundred.

